

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Bacadh a chleachdadh, 0700 Diardain 28/06/2012**

## **Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cruthachadh tuilleadh chothroman cosnaidh do luchd-teagaisg**


Tha an dàrna Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chaidh a dheasachadh do Riaghaltas na h-Alba le Bòrd na Gàidhlig, a' toirt prìomhachas do fhoghlam sgoile agus ro-sgoile còmhla ri gnìomh coimhearsnachd gus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh thar nan còig bliadhna a tha romhainn.

Bidh prìomh àite aig Bòrd na Gàidhlig ann an co-òrdanachadh le buidhnean eile planadh agus cur an gnìomh ro-innleachd foghlaim luchd-teagaisg do thidsearan Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach ciad foghlam luchd-teagaisg, taic do thidsearan a tha a' teagasg tro mheadhan na Beurla ach aig a bheil ùidh ann an gluasad gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus taic do thidsearan a tha anns an t-siostam Ghàidhlig cheana. Ged is e prìomh thargaid a' Phlana an àireamh de chloinn ag inntigeadh Prìomh a h-Aon ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dhùblachadh thar còig bliadhna, thathar a' sùileachadh fàs anns na h-àireamhan ag inntigeadh Gàidhlig tron iomairt Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), a thuilleadh air meudachadh anns na h-àireamhan a' leantainn le Gàidhlig tro fhoghlam Àrd-sgoile an dà chuid ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh. Bidh feum aig an dà sheòrsa leasachaidh air meudachadh cudromach anns na h-àireamhan de thidsearan Gàidhlig.

A' foillseachadh an dàrna Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba an-diugh (Diardaoin 28 Ògmhios) 's e a' tadhal air Bun-sgoil Stenhouse ann an Dùn Èideann a tha air gabhail gu dùrachdach ri iomairt GLPS, thuirt Ministear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan Alba an Dtr Alasdair Allan: "Tha an dà chuid feum agus cothrom air tuilleadh thidsearan Gàidhlig a thrèanadh mu choinneamh an iarrtais bho àireamhan sgoilearan a' sìor mheudachadh, is tha am Plana Nàiseanta a' toirt aire dhan seo. Tha am Plana ùr seo a' moladh cheumannan bunasach ach comasach an coileanadh gus cuideachadh leis a' Ghàidhlig a chumail suas sna bliadhnaichean a tha romhainn, a' gabhail a-steach iarrtasan air an àireamh chloinne a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dhùblachadh. Tha amasan Bòrd na

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Gàidhlig a-nis soilleir airson na bliadhnaichean romhainn agus tha mi misneachail tron phlana seo gun urrainn dhaibh gluasad gu seasmhachd don chànan an Alba.”

Tha feum air bun-structair foghlam is ionnsachadh Gàidhlig a neartachadh san fharsaingeachd le bhith a’ cur taic ri trusadh sgioba-obrach mhisneachail le trèanadh buntainneach mar sheirbheiseachadh mu choinneamh leudachadh air foghlam Gàidhlig. Còmhla ri cuideachadh bho Rìghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus aitreabhan foghlaim adhartach, bidh am Bòrd a’ cur taic ri iomairtean gus an raon de chùrsaichean a mheudachadh a tha rim faotainn leothasan a tha airson a dhol a theagasg, no a tha airson gluasad gu teagasg Gàidhlig no teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Gu làithreach, tha am Bòrd a’ cur sgrùdadh an gnìomh gus an àireamh de thidsearan a dhaingneachadh a bhios a dhith aig diofar ìrean foghlaim ann an sgìrean nan Ùghdarrasan Ionadail.

Thuir Cathraiche Eadar-amail Bòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir: “Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh làn-aire a thoirt do thrusadh, gleidheadh, foghlam, taic agus leasachadh air luchd-teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh. Tha e na theisteanas do bhliadhna de dh’obair chruaidh gu bheil sinn comasach air fàilte a chur air foillseachadh Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012 – 2017. Bu mhath leam taing a thoirt dhaibhsan uile aig an robh pàirt ann an cruthachadh a’ Phlana bhon toiseach gu ìre na co-chomhairle fhoirmeil ann an deasachadh a’ Phlana. Às aonais an cuid eòlais agus an cur-a-steach ’s dòcha nach robh am Plana air a bhith cho èifeachdach agus a tha mi cinnteach a bhios e. Chan urrainnear a dhol às àicheadh gu bheil sinn ag amas àrd ach tha sinn a’ cur fàilte air an dùbhlán agus tha sinn an dòchas gum bi sinn comasach tron Phlana air cànan is cultar na Gàidhlig a neartachadh, gu buannachd Alba air fad.”

Chuir Ceannard Chomhairle na Gàidhealtachd, an Comhairliche Drew Hendry, meal-an-naidheachd air Bòrd na Gàidhlig agus iad air Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012-17 – ‘Fàs is Feabhas’ a leasachadh. Thuir e: “Tha am Plana Nàiseanta ag amas air builean deimhinnte, ro-innleachdail, le gnìomhan air dòigh ann an raointean far a bheil cothrom àireamhan luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt na Gàidhlig a thoirt am meud. Am measg nan raointean farsaing tha a’ Ghàidhlig san Dachaigh, sna Tràth-bhliadhnaichean agus ann am Foghlam, agus cuideachd bidh buaidh chudromach aig a’ Ghàidhlig sna h-Ealain agus sna Meadhanan, agus ann an earrannan an Dualchais agus na Turasachd.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Thuir an Comhairliche Hendry cuideachd: “Bho chionn ghoirid, dh’aontaich Comhairle na Gàidhealtachd an Dreachd Dàrna Plana Gàidhlig aice fhèin airson nan ceithir bliadhna air thoiseach, agus tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith ga chur an gnìomh cho luath ’s a ghabhas agus làimh ris a’ Phlana Nàiseanta adhartach seo. Tha na cuspairean ro-innleachdail ann am Plana na Comhairle air an co-thaobhadh ri builean a’ Phlana Nàiseanta agus mar sin bha e cudromach gun robh cothrom aig a’ phoball beachd a thoirt seachad air na cuspairean aig sreath choinneamhan co-chomhairleachaidh a chumadh air feadh na Gàidhealtachd. Tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig agus Plana Gàidhlig na Comhairle nan sàr-eisimpleirean den chleachdadh as fheàrr agus de dh’obair chom-pàirteach eadar bhuidhnean. Tha a’ Chomhairle den bheachd gun lean iad air adhart gu bhith a’ cumail suas agus ag àrdachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig sna bliadhnaichean air thoiseach.”

Ged a thathar a’ toirt prìomhachas do dh’ionnsachadh na Gàidhlig anns na Tràth-Bhliadhnaichean agus Foghlam gus na h-àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh, tha am Plana a’ cur cuideam air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus le Ùghdarrasan Poblach.

Cuideachd a’ cur fàilte air foillseachadh a’ Phlana, thuir Neach-gairm Bòrd Poilis a’ Chinn a Tuath, Tormod M. MacLeòid: "Mar Neach-gairm Bòrd Poilis a’ Chinn a Tuath, tha mi air leth toilichte taic a chur ri Bòrd na Gàidhlig agus ris an dàrna Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Tha am Bòrd air targaidean soilleir a shuidheachadh airson cumail suas agus leasachadh na Gàidhlig is an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha taic agus dealas Bòrd na Gàidhlig air ceadachadh do Phoilis a’ Chinn a Tuath ‘Acfhainn Gàidhlig’ air-loidhne a leasachadh do ar luchd-obrach gus am mothachadh agus an tuigse don Ghàidhlig a mheudachadh agus tha sinn gu làithreach ag obair a dh’ionnsaigh ar Plana Gàidhlig fhìn a chur a-steach chun a’ Bhùird, a’ mìneachadh ar planaichean airson àite na Gàidhlig a neartachadh ’s a leasachadh an taobh a-staigh Roinn Poilis a’ Chinn a Tuath.”

## DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Corporra, Bòrd na Gàidhlig air post-d gu [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no fòn-làimhe gu 07557 481 081.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **NOTAICHEAN DO LUCHD-DEASACHAIDH:**

*Chuir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil dhan Gàidhlig gach còig bliadhna airson aonta Mhinistrealach.*

*A' leantainn air foillseachadh dreach den Phlana san Dàmhair 2011, ghabh Bòrd na Gàidhlig co-chomhairle phoblach nàiseanta os làimh, san robh fichead coinneamh 's a dhà air feadh na h-Alba, a thuilleadh air deasbadan dlùth le luchd-ùidh is buidhnean com-pàirteachais agus suirbhidhean air-loidhne.*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Embargo, 0700 Thursday 28/06/2012**

## **National Gaelic Language Plan creates more career opportunities for teachers**

The second National Gaelic Language Plan, prepared for the Scottish Government by Bòrd na Gàidhlig, prioritises pre-school and school education alongside community action to increase the number of Gaelic speakers in Scotland over the next 5 years.

Bòrd na Gàidhlig will play a leading role in coordinating with other organisations the planning and rolling out of a teacher education strategy for Gaelic teachers. This includes initial teacher education, support for teachers currently teaching through the medium of English interested in transferring to Gaelic-medium education and support for teachers currently in the Gaelic system. Whilst the Plan's headline target is to double over five years the number of children entering Primary One Gaelic medium education, growth in the numbers of children accessing Gaelic through the Gaelic Language in Primary Schools (GLPS) initiative is also envisaged, as well as increased numbers continuing with Gaelic throughout Secondary education in Gaelic-medium education and Gaelic learner education. Both developments will require a substantial increase in the numbers of Gaelic teachers.

Launching the Scottish Government's second National Gaelic Language Plan on a visit today (Thursday 28 June) to Stenhouse Primary School in Edinburgh, which has enthusiastically embraced the GLPS initiative, the Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan said: "There is both the need and the opportunity for the training of more Gaelic teachers to meet the demands of swelling pupil numbers and the final National Plan recognises this. Within it are a number of radical but realistic steps to help the Gaelic language grow, including calls to double the number of children going through Gaelic-medium education. Bòrd na Gàidhlig's objectives are now clear for the coming years and I am confident that through this plan they can work towards a sustainable future for the language in Scotland."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



There is a need to strengthen the infrastructure of Gaelic education and learning generally by supporting the recruitment of a confident, appropriately trained workforce in order to service the expansion of Gaelic education. Along with the help of the Scottish Government, Local Authorities and further education institutions the Bòrd will support initiatives to increase the range of courses available to those who wish to enter teaching, or to transfer to teaching Gaelic or through the medium of Gaelic. The Bòrd is currently conducting a survey to establish how many teachers will be required at various levels of education in Local Authority areas.

Bòrd na Gàidhlig Interim-Cathraiche (Chair) Elizabeth McAtear said: “Bòrd na Gàidhlig are committed to ensuring adequate attention is given to the recruitment, retention, education, support and development of Gaelic-medium and Gaelic-learner teachers. It is a testament to a year of hard work that we are able to welcome the launch of the National Gaelic Language Plan 2012 – 2017. I would like to thank all those that played a part in the early engagement and formal consultation phases of preparation of the Plan. Without their knowledge and input the Plan may not have been as effective as I am sure it will prove to be. There is no denying we are aiming high but we welcome the challenge and hope that through the Plan we can strengthen the language and culture, which belongs to the whole of Scotland.”

Leader of The Highland Council, Councilor Drew Hendry congratulated Bòrd na Gàidhlig on developing the National Gaelic Language Plan 2012-17 – ‘Growth and Improvement’. He said: “The National Plan is focused on positive, strategic outcomes, with action planned in areas where there is potential growth for increasing the number of Gaelic learners and speakers. These range from Gaelic in the Home, in Early Years and in Education, to the significant impact of Gaelic in the Arts and Media and in the Heritage and Tourism sectors.”

“The Highland Council has recently approved its own second generation Draft Gaelic Language Plan for the next four years; and we look forward to implementing it as soon as possible and in concert with this forward looking National Plan. The strategic themes in the Council Plan are aligned to the outcomes of the National Plan, and it was therefore important that the public had an opportunity to comment on the themes at a series of consultation meetings which were held throughout the Highlands. The creation of the National Gaelic Language Plan and the Council’s Gaelic Plan is an excellent example of best practice and partnership working between organisations and the Council believes they will lead to sustaining and increasing the number of Gaelic speakers in the years ahead.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Whilst giving priority to learning Gaelic in Early Years and Education to increase the numbers of Gaelic speakers, the Plan also emphasizes the importance of increasing the use of Gaelic in communities and by Public Authorities.

Also welcoming the launch of the plan, Northern Joint Police Board Convener, Norman M MacLeod said: "As Convener for the Northern Joint Police Board I am delighted to be able to support Bòrd na Gàidhlig and the second National Gaelic Language Plan. The Bòrd has set clear targets for supporting and developing the Gaelic Language and the number of Gaelic speakers. The support and commitment of Bòrd na Gàidhlig has allowed Northern Constabulary to develop an online 'Gaelic Toolkit' for our staff to increase their awareness and understanding of the Gaelic Language and we are currently working towards submitting our own Gaelic Language Plan to the Bòrd setting out our plans to enhance and develop the role of Gaelic within Northern Constabulary."

## **ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning mobile: 07557 481 081.**

## **NOTES TO EDITORS:**

*The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 remitted Bòrd na Gàidhlig to produce a National Gaelic Language Plan every five years for Ministerial approval.*

*Following the launch of a draft Plan in October 2011, Bòrd na Gàidhlig undertook a nation wide public consultation, entailing twenty-two meetings across Scotland, as well as close discussions with stakeholders and partner organisations and online surveys.*